FOR OFFICIAL USE

| | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|
| | | | | | |

**F**

| KU | RE |
|---|---|
| | |

# 4500/27/02

TEISTEANAIS NÀISEANTA 2012

DICIADAIN, 2 CÈITEIN
9.40 m – 10.20 m

# MATAMATAIG
## AN ÌRE CHOITCHEANN
Bun Ìre
Pàipear 2

**Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.**

Làn ainm sgoile no colaiste

Baile

Ciad ainm(ean)

Sloinneadh

Latha breith
Là Mìos Bliadhna

Àireamh an oileanaich

Àireamh an t-suidheachain

1 **Faodaidh tu àireamhair a chleachdadh.**

2 Freagair nas urrainn dhut de na ceistean.

3 Sgrìobh d' obrachadh-a-mach agus do fhreagairtean anns na h-àiteachan a tha air am fàgail falamh. Tha rùm a bharrachd aig deireadh an leabhair ma bhitheas feum agad air. Ma chleachdas tu e, sgrìobh gu soilleir àireamh na ceiste tha thu a' dèanamh.

4 Airson na comharraidhean fhaighinn gu lèir feumaidh tu d' obrachadh-a-mach a shealltainn.

5 Mus fhàg thu seòmar na deuchainn feumaidh tu an leabhar seo thoirt don Fhreiceadan. Mur dèan thu seo dh'fhaodadh tu na comharraidhean gu lèir a chall.

©

| | Comharraidhean | KU | RE |
|---|---|---|---|

**1.** Tha Lorna comasach air 4 duilleagan a' thaidhpeadh ann an 24 mionaidean.

Aig an reit seo, cia mheud mionaid a bheir i air 7 duilleagan a thaidhpeadh?



OBRACHADH

FREAGAIRT ______ mionaidean

3

Comharraidhean | KU | RE

**2.** Aig 4 uairean tha spògan uaireadair a' dèanamh ceàrn 120 °.




Obraich a-mach meud na ceàrn dathte.

| OBRACHADH |
| --- |
| |
| FREAGAIRT °|

2

Comharraidhean | KU | RE

**3.** Seo mìosachan airson mìos an t-Samhain.

| Dil | Dim | Dic | Diar | Dih | Dis | LnS |
|---|---|---|---|---|---|---|
| | 1 | 2 | 3 | 4 | 5 | 6 |
| 7 | 8 | 9 | 10 | 11 | 12 | 13 |
| 14 | 15 | 16 | 17 | 18 | 19 | 20 |
| 21 | 22 | 23 | 24 | 25 | 26 | 27 |
| 28 | 29 | 30 | | | | |

(*a*) Dè latha dhen t-seachdain a th' ann air an 15mh dhen t-Samhain?

FREAGAIRT

1

(*b*) Dè latha dhen t-seachdain a th' ann air an 11mh dhen Dùbhlachd?

OBRACHADH

FREAGAIRT

2

Comharraidhean | KU | RE

**4.** Rinn Frank turas coiseachd gus airgead a thogail airson carthannas.



Bha e faighinn taic £9 gach mìle.

Choisich e 16 mìle.

Dè an t-sùim airgid a thog e?

| OBRACHADH | |
|---|---|
| | |
| FREAGAIRT | £ |

2

Comharraidhean KU RE

**5.** (*a*) Sgrìobh an àireamh **6735** ann an faclan.

FREAGAIRT

1

(*b*) Faodar na h-àireamhan anns an liosta dhol ann an cliath mar seo.

**<u>Àireamhan</u>**

56
74
217
736
1732

| | | | | |
|---|---|---|---|---|
| 1 | 7 | 3 | 2 | |
| | 3 | | 1 | |
| 5 | 6 | | 7 | 4 |

Cuir na h-àireamhan anns an liosta gu h-ìosal anns a' chliath.

**<u>Àireamhan</u>**

58
63
321
571
5161

| | | | | |
|---|---|---|---|---|
| | | | | |
| | | | | |
| | | | | |

3

**Faodaidh tu na cliathan a bharrachd seo a chleachdadh.**

| | | | | |
|---|---|---|---|---|
| | | | | |
| | | | | |
| | | | | |

| | | | | |
|---|---|---|---|---|
| | | | | |
| | | | | |
| | | | | |

| Comharraidhean | KU | RE |
|---|---|---|

**6.** Is e àireamh-sluaigh Ghlaschu 580 000.

Tha 5% dhen t-sluagh nan clann fo aois sgoile.

Obraich a-mach cia mheud den chloinn tha fo aois sgoile.



OBRACHADH

FREAGAIRT ________ clann

**2**

**7.** Tha an Companaidh Partaidh a cleachdadh bhailiùnaichean airson pìosan sgeadachaidh de dhiofar mheudan an dhèanamh.

Tha cuid dhe na diofar mheudan air a sealltainn gu h-ìosal.



Pìos sgeadachaidh meud 1



Pìos sgeadachaidh meud 2



Pìos sgeadachaidh meud 3

(*a*) Crìochnaich an clàr seo.

| | | | | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|---|---|---|
| Meud a' phìos sgeadachaidh | 1 | 2 | 3 | 4 | 5 | 6 | | 11 |
| An àireamh bhailiùnaichean | 4 | 7 | | | | | | |

OBRACHADH

4

(*b*) Sgrìobh sìos riaghailt airson an àireamh bhailiùnaichean a lorg ma tha fhios agad air meud a' phìos sgeadachaidh.

AN RIAGHAILT

2

| | Comharraidhean | KU | RE |
|---|---|---|---|

**8.** Tha na deilbh a sealltainn cruthan 3-sheallach.



Ciùb | Pioramaid | Ciùbaid

Seo an lìon airson aon dhe na cruthan seo.



Dè an cruth 3-sheallach aig a bheil an lìon seo?

| FREAGAIRT | |
|---|---|

1

**9.** Tha am plana seo a' sealltainn cuid dhe na toglaichean ann am meadhan a' bhaile.

Tha an taigh-cluiche aig suidheachadh (1, 4).




(*a*) Sgrìobh sìos suidheachadh na cathair-eaglais.

| FREAGAIRT | (  ,  ) |
|---|---|

1

(*b*) Tha an taigh-cluiche agus a' chathair-eagalais air còrnairean tha **mu choinneamh** a chèile de cheart-cheàrnach.

Cuir dà chrois air a' chliath a' sealltainn an dà chòrnair eile dhen cheart-cheàrnach seo.

2

**10.** Tha còig bùthan a reic an aon fòn-làimhe aig na prìsean gu h-ìosal.

£70 £77 £85 £93 £110

Obraich a-mach prìs cuibheasach na fòn-làimhe.



OBRACHADH

FREAGAIRT £

4

| Comharraidhean | KU | RE |
|---|---|---|

**11.** Nuair a thòisich Iain ag obair thug an companaidh dha an àireamh neach-obrach **08 / 367**.

Bha seo a' sealltainn gun do thòisich e aca anns a' bhliadhna **2008** agus gur e an **367mh** neach bha ag obair aca.

Nuair a thòisich Sidra aig a' chompanaidh, fhuair i an àireamh neach-obrach **10 / 528**.

(*a*) Dè bhliadhna anns an do thòisich Sidra aig a' chompanaidh?

| FREAGAIRT | |
|---|---|

1

(*b*) 'S e Peadar an ath neach-obrach a thòisich aig a' chompanaidh.

Thòisich e aon bhliadhna an dèidh Sidra.

Dè an aireamh neach-obrach a fhuair Peadar?

OBRACHADH

| FREAGAIRT | |
|---|---|

2

Comharraidhean | KU | RE

**12.** Tha mullach bòrd-teanas ann an cumadh ceart-cheàrnach.

Tha leud a' bhùird 150 ceudameatairean.



(*a*) Sgrìobh sìos an leud seo ann an meatairean.

OBRACHADH

FREAGAIRT meatairean

2

(*b*) Is e fad a' bhùird 2·7 meatairean.

Obraich a-mach farsaingeachd mullach a' bhùird ann an meatairean ceàrnagach.

OBRACHADH

FREAGAIRT meatairean ceàrnagach

2

**13.** Tha na buinn seo aig Aileigh anns a sporan aice.



Tha aon dòigh air 30 sgillinn a dhèanamh **leis na buinn anns an sporan aice** anns a'chlàr gu h-ìosal.

Crìochnaich an clàr a' sealltainn 5 dòighean eile a dhèanadh Aileigh 30 sgillinn **leis na buinn anns an sporan aice**.

|  |  |  |  |  |
|---|---|---|---|---|
| 1 | 0 | 2 | 0 | 0 |
| | | | | |
| | | | | |
| | | | | |
| | | | | |
| | | | | |

3

**14.** Aon oidhche anns an Dùbhlachd chaidh an teothachd ann an ceithir bailtean a thomhas.

Tha na teothachdan sin air a' mhapa gu h-ìosal.




Dè am baile bu bhlàithe?

| FREAGAIRT | |
|---|---|

1

**15.** Tha na deilbh a' sealltainn nam bogsaichean A, B, C agus D air balansan.




Tha na bogsaichean air an cur ann an òrdugh, a' tòiseachadh leis a' **chuideam as lugha** chun a' **chuideim as motha**.

Cuir gach litir anns an àite cheart.

☐ ☐ ☐ ☐

**An cuideam as lugha** ⟶ **An cuideam as motha**

OBRACHADH

3

| Comharraidhean | KU | RE |
|---|---|---|
| 2 | | |

**16.** Tha am foirmle gu h-ìosal airson tomhasan ann an òirlich atharrachadh gu tomhasan ann an ceudameatairean.

**Tomhas ann an ceudameatairean = 254 ×**
**Tomhas ann an òirlich ÷ 100**

Cleachd an foirmle seo airson tomhas 70 òirlich atharrachadh gu ceudameatairean.

| OBRACHADH | |
|---|---|
| | |
| FREAGAIRT | ceudameatairean |

**[Tionndaidh an duilleag airson ceist 17 air *Duilleag a h-ochd-deug***

| Comharraidhean | KU | RE |
|---|---|---|

**17.** (*a*) Tha bùth a' ceannach 200 leabhar air prìs £4·20 gach leabhar.

Dè na chosg na leabhraichean uile gu lèir?



OBRACHADH

FREAGAIRT £

2

(*b*) Tha iad a' reic 120 dhe na leabhraichean aig £5·50 gach leabhar agus na tha air fhàgail aig £3·50 gach leabhar.

An do rinn a' bùth prothaid no call?

**Feumaidh tu adhbhar a thoirt seachad airson do fhreagairt.**

OBRACHADH

FREAGAIRT (LE ADHBHAR)

4

[*CRÌOCH A' PHÀIPEIR*]

## ÀITE A BHARRACHD AIRSON FREAGAIRTEAN

**[DUILLEAG FHALAMH]**

**Briathrachas (Bun Ìre, Pàipear 2)—Glossary (Foundation Level, Paper 2)**

| **Gàidhlig** | **Beurla** |
|---|---|
| An t-Samhain | November |
| An Dùbhlachd | December |
| Pàiste | Child |
| Pìosan sgeadachaidh | Decoration pieces |
| Taigh-cluiche | Theatre |
| Cathair-eaglais | Cathedral |
| Bòrd-teanas | Table tennis table |
| Balansan | Scales |
| Òirlich | Inches |

**[DUILLEAG FHALAMH]**